



Tiotal: Balaich, Nigheanan agus Gnàth-ìomhaighean

Pàirt 1: Gnàth-ìomhaighean agus co-ionannachd

Ìre: TREAS/CEATHRAMH

Ceanglan CfE

Eòlasan/Builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn agus 'I understand and can demonstrate the qualities and skills required to sustain different types of relationships.</p> <p>HWB 3-44b</p> <p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdad a ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 3-45a</p> <p>Tha fios agam gum faod cultar cumanta an latha an-diugh, na meadhanan agus beachdan mo cho-aoisean buaidh a thoirt air mar a tha mi a' faireachd ainn mun dheidhinn fhìn agus a' bhuaidh a dh'fhaodas a bhith aig seo air mo dhol-a-mach.</p> <p>HWB3-46b</p>	<ul style="list-style-type: none"> A' sealltainn spèis agus tuigse a thaobh iomadachd dhàimhean gaoil agus feiseil, mar eisimpleir, dàimhean LGBTI, pòsad, a' fuireach còmhla, co-phàrantachd. Mìneachadh na buaidh a dh'fhaodas a bhith aig mì-chothromachd cumhachd air dàimhean, a' gabhail a-steach dhàimhean feiseil, mar eisimpleir, aonta, ceannsachadh, uallach airson gniomhan agus co-dhùnaidhean. Ag aithneachadh agus a' mìneachadh buaidh nam meadhanan, a' gabhail a-steach mheadhanan sòisealta agus pornografaidh air fèin-luach agus comas tighinn gu co-dhùnaidhean.

'S urrainn dhuinn cuideachd na na h-eòlasan agus na builean seo a chleachdad a airson nan leasan seo; tha iad a' suidhe an taobh a-staigh de. We can also identify these additional CfE Experiences and Outcomes as being relevant to these activities; they sit within **Mental, Emotional, Social and Physical Wellbeing** within Health and Wellbeing. As the responsibility of all they do not have associated Benchmarks.

- Nuar a tha mi a' rannsachadh nan còraichean air a bheil mi fhìn agus daoine eile airidh, 's urrainn dhomh na còraichean sin a chur an gniomh ann an dòigh iomchaidh agus gabhail ris na dleastanasan a tha nan cois. Tha mi a' sealltainn spèis do chòraichean dhaoine eile. HWB 3-09a
- Tha mi a' tuigsinn gu bheil an co-mheasgachadh fhìn de chomasan agus de fheuman aig gach neach fa leth. Tha mi a' cuideachadh mo choimhairsnachd sgoile gu bhith a' cur luach air gach neach fa leth agus gu bhith a' cur fàilte air na h-uile. HWB 3-10a

Amasan ionnsachaidh

- Gun ionnsaich daoin' òga mun deidhinn fhèin, na tha gan dèanamh gun shamhail agus mu bhun-bheachd iomadachd.
- Gun ionnsaich daoin' òga mu ghnè agus gum meòraich iad air gnath-ìomhaighean agus air na thathar a' sùileachadh a rèir gnè.

Slatan-tomhais Soirbheachaidh

- Tha mi a' tuigsinn nach bu chòir dham choltas, mo ghiùlan no na tha mi a' miannachadh a bhith air a chuingalachadh le mo ghnè no leis na thathar a' sùileachadh bho bhalaich no nigheanan.
- 'S urrainn dhomh eisimpleirean ainmeachadh de ghnàth-ìomhaighean agus cur nan aghaidh/dùbhlann a thoirt orra.
- Bidh mi a' sealltainn spèis do dhaoin' eile agus tha mi a' tuigsinn 's a' gabhail ri iomadachd am measg mo cho-aoisean.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Fireannaich/Boireannaich duilleag-obrach air Gnàth-ìomhaighean.
- *Man up means...* <https://youtu.be/lZyHCT-hdNs> (faid 47 diogan)

Ma tha sibh an dùil làrach-lin mar YouTube a chleachdad, cuiribh a' bhidio air dòigh ro-làimh, dèanaibh cinnteach gur e am film ceart a th' ann agus leumaibh seachad air na sanasan.

NÒT: San obair seo bidh na daoine òga a' smaoineachadh air inbheach dha bheil spèis aca. Neach a tha gam brosnachadh gus smaoineachadh air mar as fheàrr as urrainn dhaibh a bhith mar bhoireannach no fireannach. Ciamar a tha iad a' toirt orra a bhith a' faireachdainn? Ciamar a tha iad gam brosnachadh a thaobh na tha iad ag amas air? Faodaidh an neach seo a bhith san teaghlaich aca, dh'fhaoite gun aithne dhaibh no nach aithne dhaibh an neach no gu bheil iad iomraiteach/ainmeil. Ma ghabhas e dèanamh iarr air a' chlas/bhuidheann smaoineachadh mun seo ron leasan.

Obair

1. Tòisich an leasan mar seo: San t-seisean seo agus san ath sheisean bidh na daoin' òga a' sgrùdadadh a' bheachd nach bu chòir dhan coltas, an giùlan no na tha iad a' miannachadh a bhith air an cuingealachadh le gnàth-iomhaighean, an gnè no leis na thathar a' sùileachadh a bu chòir do bhalaich agus nigheanan a dhèanamh.
2. Airson töiseachadh sgaoil an duilleag-obrach: **Cò bu chòir a bhith a' dèanamh seo?** Air an duilleig tha grunn ghnìomhan, tha aig na daoin' òga ri cur romhpa am bu chòir dhan rud a bhith air a dhèanamh le fireannach no boireannach. Thoir duilleag (do gach dithis) dìreach mar a tha i, chan eil ann ach dà thaghadh, ach na can ris na daoin' òga gum feum iad taghadh eadar na dhà, fàg na co-dhùnaidhean aca fhèin.
3. An ceann greis cruinnich a h-uile duine air ais còmhla airson na beachdan aca innse dha chèile agus airson coimeas a dhèanamh – carson a thagh iad na thagh iad? 'S dòcha nach do thagh iad fear seach fear (no gun do chomharrach iad na dhà) bhon as urrainn dha na rudana bhith air an dèanamh le duine sam bith? 'S dòcha gun do thagh iad aon ghnè seach gur ann mar sin as trice a bhios cùisean. 'S dòcha gu bheil iad a' fuireach còmhla ri aon phàrant/neach-cùraim a tha a' dèanamh a h-uile sion?
4. Inns dha na daoin' òga gu bheil tòrr dhen ionnsachadh a nì iad ann an clasaichean PSE/RSHP mu dheidhinn mar as urrainn dhaibh a bhith mar a thogras iad fhèin mar bhoireannach no fireannach) tha sinn airson a bhith saor bho rudan ris an can sinn gnàth-iomhaighean – mar sin a' chiad cheist: **Dè th' ann an gnàth-iomhaigh?** Às dèidh beagan còmhraidh seall an slaghda.

'S e beachd a th' ann an **gnàth-iomhaigh** a dh'fhaodas a bhith aig daoine mu bhuidheann de dhaoine èile. Uaireannan faodaidh na tha thu a' smaoineachadh mu bhuidheann dhaoine a bhith fior do chuid aca, ach ma chanas sinn gu bheil iad **UILE** mar seo 's e gnàth-iomhaigh a th' ann.

5. **Gnàth-iomhaighean a rèir gnè.** larr air na daoin' òga obrachadh ann an dithisean no triùirean le pìos mòr pàipeir (A3+), iarr air na daoine òga a phasgadh sìos am meadhan agus fhosgladh a-mach a-rithist. Air aon taobh iarr orra nas aithne dhaibh de ghnàth-iomhaighean mu nigheanan no boireannaich a sgriobhadh agus air an taobh eile nas aithne dhaibh de ghnàth-iomhaighean mu fhireannaich no balaich. Brosnaich iad gus smaoineachadh air gnàth-iomhaighean mu **choltas dhaoine, mun ghiùlan aca, na beachdan aca, na bhios iad a' dèanamh, na tha no nach eil iad math air...** Ma tha e cuideachail, thoir dhaibh eisimpleir no dhà airson an cur gu dol.
6. An ceann greis, faigh fios-air-ais – leig fhaicinn cò na h-eisimpleirean a tha a' buntainn ri giùlan, coltas, faireachdainean, gniomhan/cur-seachadan, obraichean, miannan ... Bruidhinn air mar a dh'fhaodas cuid de rudan a bhith fior do chuid de dhaoine (nighean a tha titheach air fasan, balach a tha titheach air ball-coise) agus faighnich cuin a bhios rud a' dol na ghnàth-iomhaigh? Ma tha gin dhe na feartan a chaidh ainmeachadh fior dhaibhsan. A bheil sin a' ciallachadh gur e gnàth-iomhaighean a th' annta no a bheil annta ach rudan a tha nam pàirt dhaibhsan? Dè tha aig bun nan rudan a tha a' còrdadh rinn no a tha sinn math air – a bheil neach sam bith air an stiùireadh taobh cur-seachad sònraichte bhon 's ann fireann no boireann a tha iad? Dèan sgrùdadadh: Dè an cron a th' ann an gnàth-iomhaighean?

7. **A sgrùdadadh ghnàth-ìomhaighean.** Sna 3 slaghdean tha aire air gnàth-ìomhaighean gnèitheasach. Seall agus brosnaich còmhradh air gach fear mu seach – gu cudromach, dè a' bhuaidh a th' aca ann an dà-rìreabh? Am faiceadh daoin' òga a' bhuaidh seo mar rud dona/cronail?

- Tha a' chiad shlaighd a' sealltann an rann-chloinne – dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aige air clann?
- Tha an dàrna slaghda a' sealltann beachd mu bhalaich 's nigheanan agus cuspairean saidheans 's teicneòlas – seall an fhionn-sgeul agus an uair sin (an dàrna slaghda) an fhìrinn. / larr air na daoin' òga meòrachadh air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig beachdan mar seo air misneachd dhaoine. Am bi na daoin' òga uair sam bith a' faireachdannan dìth misneachd no air an cuingealachadh nuair a chanas neach eile nach urrainn dhaibh rud a dhèanamh bhon a tha iad nam balaich no nan nigheanan i.e 'S e balach/nighean a th' annadsa agus cha bhi iadasan a' dèanamh sin.'
- Tha an treas eisimpleir mu bhith a' cur fhaireachdainnean an cèill, mu bhith ag iarraidh air balaich a bhith nam fir 'man up' le film goirid a' dol an aghaidh seo agus ag innse gum feumar balaich/fireannaich a chuideachadh airson a bhith fallainn nam faireachdainnean. Brosnaich còmhradh: Cò às a tha gnàth-ìomhaigh dhen t-seòrsa seo a' tighinn? Dè a' bhuaidh a bhios aige air balaich agus fireannaich? *Man up means...* <https://youtu.be/lZyHCT-hdNs> (faid 47 diog.)

8. An dèidh sgrùdadadh a dhèanamh air na gnàth-ìomhaighean, seall an ath shlaighd leis a 'cheist: Dè th' ann an co-ionannachd? Èist ri ciad bheachdan, an uair sin mìnich na leanas – tha co-ionannachd a' ciallachadh nach bi sinn a' cur dhaoine ann am bogsaichean no a' ruighinn cho-dhùnidhean mun deidhinn dìreach air sgàth 's gu bheil fios againn air an gnè, no air feart eile mun deidhinn. (Seall seo dhaibh agus bruidhinn air beachdan a tha ag èirigh):

Dè th' ann an co-ionannachd?

Tha co-ionannachd mu bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na h-aon chothroman aig gach neach a thaobh nas urrainn dhaibh a dhèanamh lem beatha agus an tàlantan. 'S e beachd a th' ann cuideachd nach bu chòir nas lugh a chothroman a bhith aig neach air sgàth mar a chaidh am breith, cò às a tha iad, na tha iad a' creidsinn no ma tha iad ciorramach.

9. Cuir a' cheist air an slaghda agus faighnich: **An urrainn dhut smaoineachadh air buidheann sam bith de dhaoine a bhios a' fulang leth-bhreith no gnàth-ìomhaigheachd?**

10. Seall an ath shlaighd, an do dh'ainmich na daoin' òga na buidhean/coimhearsnachdan seo?

Tha a bhith a' creidsinn ann an co-ionannachd a' ciallachadh gu bheil sinn ag aithneachadh gu bheil buidhnean sònraichte de dhaoine mar nigheanan no boireannaich, daoine LGBT, daoine ciorramach no daoine bho choimhearsnachdan Dubha/Mion-chinnidhean air leth-bhreith fhulang.

11. **Cò ris a bhios mi a' coimhead?** (Dh'fhaodar seo a chur ris na daoin' òga ron chlas. 'S dòcha gum bi feadhainn air deasachadh a dhèanamh!) larr air na feadhainn òga smaoineachadh air neach ris am bi iad a' coimhead. *Cuideigin a bhios a' toirt orra smaoineachadh air mar a mhiannacheadh iad a bhith mar neach. Ciamar a bhios iad a' toirt orra faireachdannan? Dè a bhios iad a' toirt orra a mhiannachadh? Faodaidh iad neach bhon teaghach aca a thaghadh, cuideigin as aithne dhaibh no*

nach aithne dhaibh no cuideigin ainmeil. Mas e cuideigin a th' ann aig a bheil profaidhl air-loidhne, 's dòcha gum faodadh sibh tablaidean no fònaichean a chleachdad airson beagan fhaighinn a-mach airson 's gun urrainn do dhaoin' òga fiosrachadh a thoirt dhan bhuidheann mun deidhinn. Iarr air na feadhainn a tha deònach innse cò thagh iad. Dh'fhaodadh na daoin' òga dealbhan a lorg agus gaileiridh a chruthachadh.

12. Crìochnaich leis an t-slaighd, teachdaireachd a tha cumanta thairis air ionnsachadh RSHP, agus inns gum bi an clas/a' bhuidheann a' dèanamh tuilleadh sgrùdaidh air gnè san ath sheisean, ag aideachadh gum bi diofar dhòighean aig daoine air smaoineachadh mun ghnè aca a chur an cèill.

Chan eil riaghailtean sam bith ann air mar a bu chòir dhut a bhith mar bhalach no mar nighean – bi mar a thogras tu fhèin.

Ceangal ris an dachaigh

Dh'fhaodar an teacs seo a chleachdad airson fios a chur dhachaigh gu pàrantan agus luchd-cùraim mu obair a' bhloc seo.

Mar phàirt den ionnsachadh RSHP againn (Dàimhean, Fallaineachd Feise agus Pàrantachd), tha sinn a' sgrùdad agus co-ionannachd. Ionnsaichidh na daoin' òga gum faod iad a bhith mar a thogras iad fhèin mar bhalach no nigheanan - le ùidhean agus miannan a tha gan dèanamh nan daoine fa leth. Anns an ionnsachadh againn thar mòran chuspairean agus leasanan eadar-dhealaichte, tha sinn airson gum bi nigheanan/boireannaich òga agus balaich/fir òga co-ionann agus a' toirt spèis dha chèile. Bidh sinn cuideachd a' sgrùdad diofar bheachdan mu ghnè, mar a bhios daoine òga a' bruidhinn mun ghnè aca agus mu na tha e a' ciallachadh a bhith tar-ghnèitheach. Bidh daoine òga a' faicinn agus a' cluinntinn mu na rudan sin anns na meadhanan no bho dhaoine eile agus mar sin tha e cudromach gun toir sinn deagh fhiosrachadh dhaibh agus gun leig sinn leotha beachdan a sgrùdad agus ceistean fhaighneachd. 'S e a' phrìomh theachdaireachd dhan òigridh gu bheil gach neach anns a' chlas againn eadar-dhealaichte, gun shamhail agus sònraichte agus gum bu chòir dhuinn a bhith a' làimhseachadh a chèile le cùram agus spèis.

Tha goireasan ionnsachaidd eile rim faighinn co-cheangailte ris na stuthan curraicealaim RSHP seo:

- Tuilleadh mu ghnè

Stuthan a bharrachd:

- *What stands in the way of women being equal to men? A BBC News production (faid 43 mion. 35) <https://youtu.be/ayj9EVc2ZLI> Do dhaoine òga ag obair aig a' 4mh/àrd ire*

Nòtaichean Tidseir